


Iùl beag air craobhan choilltean Is mar a cleachdar iad



Iùl beag le dealbhan gus cuid de na craobhan sna coilltean aithneachadh.

Dè feum a th’ againn air craobhan?

Tha coilltean is fearann-coillteach Bhreatainn nan goireasan luachmhor, nàdarra, ath-nuadhachail às am faigh sinn fiodh airson cleachdach ann am beatha làitheil dhaoine.

Is e stuth nàdarra, gun samhail a th’ ann am fiodh. Tha e buileach ath-nuadhachail agus gabhaidh a h-uile pàirt de chraobh a chur gu feum.

Gabhaidh plangannan is postaichean a dhèanamh de stoc craoibhe is e air a shàbhadh; no faodaidh am fiodh a sgealbadh, ghlaodhadh is theannadh airson bòrd-slisnich a dhèanamh dheth, no fiù 's a phrionnadh airson pàipear a dhèanamh.

Tha freumhan, rùsg is geugan nan craobh gan cur gu feum ann an iomadh dòigh, bho chonnadh gu leigheasan, bho shìseagan raointean-cluiche gu mathas airson flùraichean. Ged a tha sinn a' cleachdach choilltean airson fiodh fhaighinn asta, tha sinn a' faighinn mòran a bharrachd na fiodh bhuapa. Tha saoghal toinntè, nàdarra nan coilltean a' beathachadh agus a' toirt dachaigh do dh'iomadh seòrsa lus is bheathach. Tha seo mar an ceudna a' toirt dhuinne sàr ghioirias oideachais is e na àite air leth son tadhail air agus airson ùine a chur seachad. Tha na nithean seo uile a' dol còmhla agus a' dèanamh taisbeanadh is mineachadh dhuinne air cruth-tìre na dùthcha.

Tha craobhan cuideachd a' cumail slàinte ris an t-saoghal agus iad a' toirt carbon dà-ogsaid às an àile agus a' cruthachadh ogsaidean. Is e seo an adhbhar is gun canar sgamhanan an t-saoghail ri coilltean.

Feuch is smoinich air saoghal gun chraobhan.

Chan e fiodh a-mhàin a gheibh sinn bho chraobhan, mar a chithear san liosta seo:

- Àirneis
- Aodach
- Bàtaichean
- Bileagan
- Bobhlaichean
- Buill-achainn
- Bùird
- Cartanan
- Cisteachan
- Clogaisean
- Cnagan
- Cnòthan
- Cofaidh
- Connadh
- Corc
- Dealbhan-camara
- Dèideagan
- Feansaichean
- Innealan-ciùil
- Leabhraichean
- Leigheasan
- Measan
- Pàipear
- Pàipear còmhdaich
- Postaichean
- Rubair
- Sgeadachaidhean
- Sguaban
- Sliseagan
- Spàinean
- Stampaichean
- Suidheachaidhean toidhleit
- Teàrr-anart
- Teatha
- Todhar-garaidh
- Togalaichean
- Uidheamachd spòrs

Cò iad an fheadhainn a' bhos tusa a' cleachdach? Dè eile a chuireadh tusa air an liosta?

Cruaidh no bog?

Tha na briathran 'fiodh bog' is 'fiodh cruaidh' ag innse dhuinn dè seòrsa de chraobh on tàinig am fiodh seach dè cho cruaidh no bog 's a tha e.

Thathas a' faighinn fiodh bog bho chraobhan durcaineach mar ghiuthas, giuthas-Lochlannach no an learg.

Aithneachar craobhan-durcain bho na duilleagan calgach is na na durcain a gheibhear a' fàs orra. Thathas a' soirbheachadh leotha an aimsir fhuar leis na cuilg chaola, leathaireach orra. Chan eil an cuid as motha aca seargach ach tha feadhainn aca, mar an learg, a tha a' call nan calg sa gheamhradh.

Tha fiodh cruaidh a' tighinn bho chraobhan mòr-dhuilleagach mar an darach, uinnseann is beithe.

Lorgas duilleagan mòra, farsaing mar as trice air craobhan mòr-dhuilleagach. Tha a' chuid as motha den fheadhainn a lorgas ann am Breatainn a' call an duilleagan sa gheamhradh ach am faigh na craobhan tro fhuachd a' gheamhraidh, ach fuirichidh na duilleagan air cuid leithid a' chuillinn air a bheil còmhдах 'cèireach'.

Uinnseann

Fraxinus excelsior

Agus i na craoibh sa bheil buadhan fàidheanta, is leigheasail; tha an t-uinnseann dùthchasach do Bhreatainn agus ri lorg fad is farsaing le fiodh air a chleachdach mar seòrsa de 'shock absorber' nàdarra.

Dh'fheumadh buille gu math trom a thoirt air pìos uinnseinn mus briseadh e, ga fhàgail air leth freagarrach mar chasan/làmhan air a leithid tuaghan is spaidean, agus mar fhiodh ràmhnan, ùrlaran, chaman is racaidean spòrs.

Airson cuid de shuidheachaidhean, 's e fiodh hìceoraidh à Ameireagaidh a thathar a-nis a' cleachdach, agus e nas duilghe briseadh fiù 's na uinnseann.

Dheigheadh uinnseann a chleachdach an sgithean, coidisichean, cairtean is acfhainn tuathanais. Bhithte uaireigin a' saolisinnn gun robh buadhan leigheasail ann agus gun dèanadh losgadh an fhiodha, agus e na fhiodh-connaidh air leth, fuadachadh air droch spioradan.

Ann an dualchas nan Lochlannach b' i craobh mhòr, chumhachdach an uinnseinn, craobh-beatha nan daoine.



Raon nàdarra: An Roinn Eòrpa, Afraga is taobh siar Àisia



Tha rùsg na craoibhe min is rèidh le dath liath-uaine air a tha 's fàs liath is sgoltach leis an aois.

'S ann bho na gucagan sònraichte, dubh a lorgas air sa gheamhradh a tha gasan na h-ath-bhlidhna a' tighinn cho math ri dorlaichean dùmhail de shitheanan beaga, purpaidh.

The co-dhuilleagan air a' chraoibh a tha ann am paidhrichean. Fasaich na craobhan àrda seo, air a bheil cuach-mhullaich, suas gu 40 m.



Faidhbhile

Fagus sylvatica

Craobh a lorgas gu mòr air talamh ìosal cailceach, agus tè a dh'fhàsas gu math ann an ùir thana eile.

Craobh ris an canar uaireigin 'Bean-uasal nan coilltean', tha a' chraobh àlainn seo le coltas air leth boidheach oirre ann an coilltean-faidhbhile tòin Shasainn. Thugadh dhan dùthaich an toiseach i rè Linn an Umha.

Tha sgàilean mòr na craoibhe a' leigeil gheag a fas fodhpa air ùrlaran choilltean.

Tha am fiodh furasta obrachadh leis, a' fàgail an fhiodha seo de ghràinean tana gun snaidhm air leth freagarrach ann àirneis, gu h-àraidh cathraichean fiodha.

Bhithte cuideachd a cleachdadh an fhiodha seo ann an tòin raidhfìlean, làmhnan bhrùiseachan agus sàilean bhrògan.



Raon nàdarra: An Roinn Eòrpa, ach a-mhàin an Lochlann



Rùsg min, liath.



Tha duilleach mòr, tiugh le mòran gheugan oirre, agus i air aois a ruighinn. Tha i cuideachd a' fas gu 40 m de dh'àirde.



Beith-gheal

Betula pendula

A dh'àindheoin a' choltais ghrinnn oirre, 's i tè de na craobhan as tapaidh ann am Breatainn.

'S i craobh a tha a' sgapadh siol fad is farsaing, agus is urrainn dhi fàs as ùr air talamh bànn, fosgailte. Lorgas air feadh Bhreatainn i; ann an ùir thioram aotrom, agus i cudromach an gleidhteachas.

'S e fiodh cruaidh a th' ann am fiodh min, geal na craoibhe seo; fiodh a tha ga chur gu feum an fiodh-filte, cùl bhrùiseachan, dèideagan is ruidhlean. Tha e ga chleachdach, aig sgèile nas lugha, le bhith a' gearradh nan geugan a dhèanamh sguaban agus cliathan-eich. Bhithte uaireigin a' faicinn bhudhan coisrigte sa bheith-ghil, agus ga cleachdach airson a bhith a' glanadh dhaoine le droch spioradan annta.



Raon nàdarra: Ceann a Tuath na h-Eòrpa



Tha rùsg liathghlas, pàipearach àird ìre na craoibhe a' falbh far na craoibhe.



Tha na cluigein, as t-fhoghar, a' bristeadh agus a' dol nan lannan is siol beag, iteagach.

Fasaich i suas ri 15m a dh'àirde le a geugan a' cromadh sìos.



Geanais

Prunus avium

Craobh dùthchasach, sheargach a tha luath air fàs agus i ri lorg an coilltean beithe is coilltean measgte air feadh Bhreatainn.

Thathas a' cur bun nan craobhan gu feum airson fàs ghnèithean air am faighear an toradh as motha de mheasan. Tha am fiodh pinc dhonn ga chleachdach an àirneis grinn, innealan ciùil, mar sgeadachadh, ann am pìoban-tombac, le luach mòr air airson bobhlaichean, mar eisimpleir.

Tha fàileadh almon air na flùraichean, a tha a' nochdadh uaireannan mus fhaicear na duilleagan. Chan eil na measan a' maireachdainn fada sam bith agus na h-eòin gan ithe agus a' leigeil, no a' sluigeadh, an t-sil.



Raon nàdarra: An Roinn Eòrpa, Afraga a Tuath agus Afraga an Iar



Rùsg min purpaidh-dhonn air a bheil gleans meatailteach agus bannan còmharnad.



Tha a' chraobh a' fàs suas gu 24 m leis na geugan ìosal a' sgaoileadh a-mach leis an fheadhainn eile a' dol a-nìos.



Castan

Castanea sativa


B' iad na Ròmanaich a thug a' chraobh seo a-steach a Bhreatainn an toiseach airson na cnòthan a bhleith is 'polenta' a dhèanamh - biadh a bhiodh tric aig saighdearan Ròmanach.

Is e biadh math, fallain is blasta a th' anns na cnòthan agus iad air an ròstadh, ach thathas a' toirt an cuid as motha aca a-steach a Bhreatainn oir cha dèan iad abachadh ceart an aimsir fuar na dùthcha seo.

Tha fiodh uaine-dhonn na craoibhe gu math làidir agus tha e freagairt air saorsainneachd agus a leithid preasan, cisteachan-laighe is feansaichean. Bhithte cuideachd ga chleachdach uaireigin mar chòlbhan taic ann am mèinnean. Dheigheadh a cur fad is farsaing air feadh taobh sear tòin Shasainn mar phòiblichean do lùs an iannna, agus a' dèanamh preasarlach air airson cur ann am feansaichean.



Raon nàdarra: Dùthchannan a' Mhuir Mheadhan-thìrigh agus air taobh siar Àisia



Chithear gagan fada trastanach air rùsg na craoibhe.

Gheibhear cluigein fhreannta is bhoireannta uaireannan air na h-aon ghasan. Lorgas pàirt den chluigean fhreannta air a' chochall mus an tuit e.

Tha a' chraobh a' fàs nas leathainne leis an aois, agus iad a' fas gu 40 m.



Bho shìol gu fiodh

Cuir, fàs, leig; cuir, fàs, leig: is e seo an seòrsa cuairt-beatha a chumas coilltean an staid fhallain, sheasmhach gu sìorraidh, le stòras fiodha ri fhaighinn, àrainn air leth do dh'fhiadh-bheatha is àite taitneach do dhaoine.

Tha a' choille na dachaigh do dh'iomadach seòrsa lusan, eun, mhamalan, snàgairean is bhiashtagan. Thathas a' cur chraobhan ùra agus aig a' cheart àm a' leigeil feadhainn eile, a' cruthachadh pàtran breac de choilltean le craobhan aig diofar irean fais. Tha na beathaichean is lusan a lorgas aig àm no an àite sònraichte a rèir dè an ìre aig a bheil 'cuairt-beatha' coille.

Leigeil

Tha craobhan gan leigeil agus iad air àrd ìre a ruighinn. Dh'fhaodadh seo a bhith bho 40–150 bliadhna a rèir dè seòrsa craoibh a th' innte. Aon uair is gu bheil na craobhan air an leigeil, thathas gan toirt gu taobh rathaid na coille, le carbad an uair sin gan toirt gu muileannan far an tèid diofar seòrsa bathar a dhèanamh leotha.

Coille abaich

Leis na craobhan a' fàs, tha gagan, tuill is geugan a' tighinn orra a' cumail dhachaighean do bheathaichean. Tha seann chraobhan is fiodh marbh gam fàgail airson bheathaichean is eun mòra mar àite far am faigh iad biadh is fasgadh.



Planntachaidhean air an tanachadh

Tha measgachadh de sholas is sgàileadh a' toirt cothrom do dh'fheur, còinneach, fungas is sìtheanan fìadhaich fàs sna coilltean, le seo a' tàladh dhealan-dè is leòmann.

Tanachadh

Thathas a' cur barrachd chraobhan na dh'fheumas. Rè ùine tha na craobhan bochda gan leigeil; a' toirt cothrom nas fheàrr don fheadhainn eile.

Am bad fasgaidh

Tha badain phreasach, tiughe le adhar blàth nam broinn a' toirt seachad fasgadh bhon fhuachd is bhon uisge. Tha na h-àitean seimh seo tarraingeach do dh'èoin is do bheathaichean beaga mar an dreathan-donn, an ceileiriche is an dallag. Tha feidh cuideachd ri lorg ann an seasgair is uaigneas nan craobhan seo.



Earb

Cur

Thathas an ìre mhath daonnan a' cur nan craobhan le làimh. Tha diofar nithean a' bualadh air dìde seòrsa chraobhan a thathas a' cur agus ciamar a thathas gan cur; nithean leithid ùir, aimsir agus an làrach. Tha na craobhan an cur glè fhaig air a hèile ach an cùm iad asgadh dha chèile bhon ghaoith; a' toirt dhaibh cothrom fàs àrd.

Deisealachadh

Ann an cuid de dh'àitean, feumar am fearann a dheisealachadh mus tèid na craobhan a chur. Tha seo mar tionndadh talamh gàrraidh, ach le crann-treabhaidh an àite spaid.



Cur

Thathas an ìre mhath daonnan a' cur nan craobhan le làimh. Tha diofar nithean a' bualadh air dìde seòrsa chraobhan a thathas a' cur agus ciamar a thathas gan cur; nithean leithid ùir, aimsir agus an làrach. Tha na craobhan an cur glè fhaig air a hèile ach an cùm iad asgadh dha chèile bhon ghaoith; a' toirt dhaibh cothrom fàs àrd.



Comhachag chluasach

Planntachaidhean ùra Tha fearann mòr fosgailte is planntachaidhean ùra a' cumail fasnadh ri biastagan, snàgairean agus ri eòin le neadan air an talamh. Tha iad seo a' beathachadh eun is ainmhidhean mòra leithid a' chomhach-chluasach, clamhan-ruadh is an sìonnach.

Giuthas-Corsach

Pinus nigra ssp. laricio

Tha a' ghnè seo de ghiuthas dubh a' fàs gu luath le stoc gu math dìreach oirre air a bheil beagan gheugan.

Dùthchasach do dh'èilean Chorsaca a-mhàin, chan eil a' soirbheachadh leatha mar chraobh fiodha ach air ceann a deas is taobh sear Bhreatainn far am faighear ìre losal de dh'uisge as t-samhradh is barrachd greine.

Thugadh an giuthas-Chorsach a-steach an 1759 agus bhithe a' cleachdadh an fhiodha airson trasnan rathaidean-iarainn agus mhèinnean. Ged nach eil i buileach seasmhach gu nàdarra, agus an giuthas-Albannach cus nas fheàrr, gabhaidh i glè mhath ri cungaidh-gleidhidh, agus thathas ga cleachdadh an obair-thogail san fharsaingeachd, pòlaichean-teileagraif, agus gabhaidh fiodh-filte ('plywood') a dhèanamh aiste.



Raon nàdarra: Corsica



Bidh an rùsg sgoltach, dubh-liath/dhonn a' tuigean bhon chraoibh.

Tha cuilg na craoibhe fada agus a' fàs ann am paidhrichean. Tha toinneamh sònraichte annta. Tha i na craoibh chaoi, chònach, a' fàs gu 27 m, air a bheil geugan còmhnaidh.



Giuthas-Albannach

Pinus sylvestris

Craobh a bhuineadh do choilltean giùthsach na h-Alba a bha uaireigin a' fàs air mòran den dùthaich, 's i an aon chraobh-durcain dhùthchasach a thathas a' fàs agus a' leigeil airson fiodha.

Tha comas aig a' chraoibh seo gintinn is soirbheachadh an ùir bhochd. Tha coilltean tùsail ri lorg ann an Alba cho math ri planntachaidhean dhiubh fad is farsaing air feadh na dùthcha. Tha fiodh na craoibhe seo, ris an canar 'red deal' làidir is furasta obrachadh leis. Chan eil e seasmhach leis fhèin, ach gabhaidh e ri cungaidh-gleidhidh.

Bhithe uaireigin ga chleachdadh air cruinn longan, agus airson dèanamh turpantain, ròiseid, tèarr no gual-fhiodha leis. Thathas an-diugh ga chleachdadh an obair-thogail, mèinnean, àirneis, fiodh-sìle, bucais, feansaichean, pòlaichean-teileagraif agus an glaothan-pàipeir.



Raon nàdarra: Ceann a Tuath na h-Eòrpa is Àisia, an Spàinn agus Àisia Bheag



Rùsg aig a' mhullaich, dearg-bhuidhe; rùsg a' bhunni gu math sgoltach.

Tha paidhrichean de chulig, gorm-uaine, toinnte oirre (4–7 cm de dh'fhaidhe).

Tha e dualtach don chraoibh na geugan as ìsle a' fàs gu 36 m de dh'àirde.



Giuthas-cam

Pinus contorta var. latifolia

Giuthas den ghnè chraobh giuthas cladach Ameireagaidh, ach fear a lorgas a-staigh san tìr. Dheigheadh gas na craoibhe a chur gu feum leis na Tùsanaich Ameireaganach agus iad gan cleachdadh mar phòla-taice ann am meadhan nam wigwamaichean is loidsichean aca.

Chaidh a thoirt a Bhreatainn an 1855, agus e a' soirbheachadh eadhon an ùir bhochd agus seo ga fhàgail air leth freagarrach airson fàs an ceann a tuath Bhreatainn. Tha am fiodh ga chleachdadh ann am mullach thaighean, ùrlaran agus obair saorsainneachd eile. Thathas cuideachd ga chleachdadh ann an fiodh-sìle agus ann am pronnach-pàipeir.

Duircean donna air a bheil cumadh uighe, a' fàs a' fàs ann am bagaidean de dhà no ceithir dhiubh a tha a' coimhead air ais sìos nan geugan, le calg beag, biorach air gach lann.



Raon nàdarra: Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath; Alaska gu Washington



Tha rùsg na craoibhe caochlaideach ach bidh dath ruadh-dhoim is bleideagan mìne bachtach air mar as trice.

Calg toinnte, buidhe-uaine ann am paidhrichean (5–8 cm de dh'fhaidhe).

Tha a' chraobh a' call nan geugan as ìsle agus i a' fàs gu 24 m.



Giuthas-Lochlannach

Picea abies


Craobh Nollaig a lorgas an taighean mòran againn san Dùbhlachd.

Gnè a bhuineas don Roinn Eòrpa, ach gun bhuntanas do Bhreatainn. Chaidh a chur fad is farsaing tràth san 20mh linn, ach chuireadh an Giuthas-Sitka na àite, leis gum faighear toradh as motha bhuaithe. Tha fiodh làidir, sùbailte ann, ris an canar 'white deal'; a thathas a' cleachdadh am broinn togalaichean, ann am bucais is pàipear.

Tha am fiodh math air fuaim a sgaoileadh agus e mar seo gu mòr air a chleachdadh san fhidhull; canar cuideachd 'fiodh na fìdhle' ris. Bhithe uaireigin a' dèanamh turpantain is tèarr le ròiseid na craoibhe, agus a' grùdaireachd leann giuthais leis na geugan.



Raon nàdarra: Meadhan agus Ceann a Tuath na h-Eòrpa



Rùsg mìn, liath-dhonn air a bheil tuar ruadh.

Calg uaine, biorach a' seasamh air cnaganan beaga biodach.

Craobh air a bheil cumadh bideanach a tha a' fàs gu 40 m.



Giuthas-Sitka

Picea sitchensis

Ainmichte air Sitka an ceann a deas Siberia, tha an Giuthas-Sitka gu math cudromach an gnìomhachas fiodha Bhreatainn.

Leis gu bheil a' soirbheachadh leis ann an diofar seòrsa àrainnean agus gu bheil e gu math torrach, gu h-àraidh an sgìrean fliucha an iar, 's i a' chraobh as motha a lorgas ann am planntachaidhean air fearann àrd. Le fiodh a tha a' freagairt diofar chleachdaidhean, tha luach mòr air na craobhan beaga airson dèanamh pàipear ri linn meud fhreumhagan an fhiodha. Thathas cuideachd ga chleachdadh an cruthachadh diofar seòrsa bhòrd-fiodha.

Tha stuth nan logaichean-sàbhaidh a' dol ann am palaidean is cèisean-pacaidh leis an stuth as fheàrr ga chleachdadh an obair-thogail.



Raon nàdarra: Costa an Iar Ameireagaidh a Tuath; Alaska gu California



Tha rùsg liath-dhonn na craoibhe a' tuiteam ann am bleideagan cruinn agus i air aois a ruighinn.

Tha na cuilg còmhnaidh, biorach, le dath liath-gorm.



bhon chraoibh gu fiodh gu bathar

Tanachadh mullach chraobhan is chraobhan beaga

Pàipear is cairt-bhòrd Air an cruthachadh le bhith a' briseadh an àird an fhiodha gus am faighear gu ìre nan teudagan fa leth agus 'pronnach'. Thathas an uair sin a' measgachadh a' phronnach le uisge agus ga shìneadh a-mach mus tèid a roladh, a theannachadh is a thiorrachadh.

Bòrd-slisnich Ga chruthachadh le sìlean beaga fiodha air tàthadh le ròiseid. Tha siota dìeth ga dhèanamh an dèidh roladh is teannachadh. Thèid a chleachdadh air ùrlaran, an mullach thaighean, calbhean no mar fhiodh-lannaichte le craiceann-fiodha ('vener') ga chur air.

Bòrd-theudagan meadhan-dùmhaill (Medium Density Fibreboard – MDF) 'S urrainnear seo a chruthachadh le cha mhòr a h-uile seòrsa fiodha. Thathas a' pronnadh an fhiodha gus am faighear gu ìre nan teudagan fa leth agus an uair sin ga thàthadh le teannachadh le ròiseid. Tha e na stuth sùbailte, agus e furasta obrachadh leis.

Bòrd-slisnich garbh (Oriented Strandboard – OSB) Siota air a chruthachadh le brùthadh bhleideagan mòra fiodha is an tàthadh le ròiseid is glaoth. Tha an stuth seo dìonach bho thaise agus e nas saoire na fiodh-filte ('plywood') bho thall thairis. Thathas ga chleachdadh air ùrlaran.

Logaichean-sàbhaidh is stocan chraobhan

Sailean mòra Ga chleachdadh an obair-thogail shònraichte far a bheileas a' togail thaighean, oifisean, togalaichean le sailean is saidhean mòra.

Plangaichean is bòrd Air an gearradh as a' chraoibh; an dòigh as sìmplidh air fiodh a chur an cruth bathair.

Rùsg chraobhan is pàirtean eile

Sìlean an rùsg, postaichean rùstach, sailean beaga is fiodh preasarach.



Raointean-cluiche; toidhar-gàraidh; fiodh-cònnaidh; gual-fhiodha; basgaidean

Ath-chuairteachail

Ath-chuairteachail

Ath-chuairteachail

Learag thar-chinealach

Larix x eurolepis Henry

Chruthaicheadh a' chraobh seo an dèidh tàr-thorrachadh den learaig Iapanach is an tè Eòrpaich air oighreachd Diùc Athail aig toiseach na 20mh linn.

Thathas an-diugh a' faighinn cuid as motha den t-sìol ann an siol-lìosan le craobhan de gach gnè gan cur ann an sreathan mu sheach. Tha an siolradh smiorail a' fàs cus nas luath na dh'fhàsas na craobhan bhon tàinig e agus e cuideachd nas seasmhach an aghaidh droch thide.

Tha na dathan eadar-dhealaichte a lorgas air bàrr na craoibhe as t-earrach, as t-fhoghar agus anns a' gheamhradh diofraichte ri craobhan-durcain eile, agus uime sin thathas gu mòr ga chleachdadh an dealbhadh fearann-coillteach ùr. Tha fiodha cruaidh, seasmhach na craoibhe ga chleachdadh an feansaichean, rèilichean is geataichean.




Raon nàdarra: Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath bho Cholumbia Breatannach gu California



Tha rùsg liath-dhonn na craoibhe seo le gagan air ann am pàtran òrdail.

Duircean ann an cruth siolandair air a bheil lannan cruinn leis a' chuid as motha aca a' stobadh a-mach.

Tha na culg seargach a' fàs air gasan goirid.




Giuthas-Dhùghlais

Pseudotsuga menziesii

Ainmeachadh a' chraobh seo air fear Dàibhidh Dùghlas a chuir a siol a Bhreatainn an toiseach an 1827. Tha ainm saidheansail na craoibhe a' comharrachadh fear Gillesbaig Mèinnearach a lorg a' chraobh ann an 1791.

Craobh a thathas gu mòr a' cleachdadh an Ameireagaidh a Tuath airson a fiodha. Thathas ga thoirt a-steach a Bhreatainn agus ga reic fon ainm 'Oregon Pine' agus ga chleachdadh an togalaichean agus ann an cruthachadh sàr fhiodha-filte ('plywood'), mar còmhach uachdair, an àirneis is air pannalan.

Dheigheadh Giuthas-Dhùghlais fàs an toiseach airson adhbharan òrnaideach, ach tha a-nis luach mòr ga chur air an fhiodha aig muilnean-sàbhaidh agus mar pronnach-pàipeir.



Raon nàdarra: Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath bho Cholumbia Breatannach gu California



Rùsg na craoibhe a' fàs ruadh-dhonn, sgoltach le coltas àirde air.

Deangan bogla le dà bhann liath air an lochdar.

Gu math àrd, suas gu 60 m ann am Breatainn.




Giuthas-uasal

Abies procera

Thugadh an giuthas seo a-steach a Bhreatainn an 1830, agus buinidh i do choilltean Washington is Oregon far a bheil e a' fàs gu àirde glè mhòr.

Air a mheas mar chraobh airson maiseachadh-tìre ri linn a dhùilich annasach liath-ghuirm agus na ghnàth a bhith a' fàs gu cunbhalach, thathas gu tric ga chur ann am blàth-fhleasgan sa Roinn Eòrpa.

'S i a' chraobh as motha a tha muinntir na Danmhairg a chleachdadh mar chraobhan-nollaige. Chan eil ach glè bheag dhiubh gan cur ann am Breatainn, agus iad sin an sgìrean fliucha an taobh siar. Tha am fiodh teann, cruaidh agus ga chleachdadh an obair-saorsainneachd am broinn togalaichean.



Raon nàdarra: Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath



Rùsg mìn, liath-bhàn no purpaidh.

Duircean mòra a' seasamh an-àirde air a bheil lannan iteagach a' dol a-bhàn.

Calg liath-ghorm, fada (25 mm) air sguabadh an-àirde gu dìreach bhon mheanglan.



Giuthas-iteodhach (siarach)

Tsuga heterophylla


Craobh ghrinn a tha uaireannan suas a tuath na Roinn Eòrpa, tha an t-iubhar am measg trì chraobhan-durcain a bhuineas do Bhreatainn ('s iad an giuthas-Albannach agus an t-aiteann an fheadhainn eile).

Tha measan sùghmhor a' fàs orra seach duircean.

Nuair a dh'itheas eòin measan na craoibh seo, tha siol puinnseanta nam measan a' dol tromhpa slàn.

Ged is i craobh 'fiodh-bog' a th' ann, 's ann gu math slaochadh tha i a' fàs; a' toirt neart don chraoibh. Bhithe uaireigin a' dèanamh bhoghachan às na geugan fada subailte. Thathas a-nis ga chleachdadh an còmhdaichean air uachdar àirneis. Tha iubhar gu math cumanta an gàraidhean daoine oir faodar ga ghearradh is ga chur an diofar chumaidhean gun chroch ga dhèanamh air. Lorgas craobhan mòra, aosmhor ann an seann chillean, le cuid aca air am meas miltean de bhliadhnanachan a dh'aois.

Cuilg de mheudan diofraichte, uaine shuas is geal shìos.



Natural range: Taobh Siar Ameireagaidh a Tuath; Alaska gu California



Tha claisean domhainn a' tighinn air an rùsg agus e a' dol drùimeach, lannach.

Mòran chonachan beaga le cumadh uighe oirre.

Faomadh aig a' mhullach, mar as dual dhi, le bachtach oirre a' cromadh a-bhàn.



Iubhar


Taxus baccata

Tè de na craobhan as sine an ceann a tuath na Roinn Eòrpa, tha an t-iubhar am measg trì chraobhan-durcain a bhuineas do Bhreatainn ('s iad an giuthas-Albannach agus an t-aiteann an fheadhainn eile).

Tha measan sùghmhor a' fàs orra seach duircean.

Nuair a dh'itheas eòin measan na craoibh seo, tha siol puinnseanta nam measan a' dol tromhpa slàn.

Ged is i craobh 'fiodh-bog' a th' ann, 's ann gu math slaochadh tha i a' fàs; a' toirt neart don chraoibh. Bhithe uaireigin a' dèanamh bhoghachan às na geugan fada subailte. Thathas a-nis ga chleachdadh an còmhdaichean air uachdar àirneis. Tha iubhar gu math cumanta an gàraidhean daoine oir faodar ga ghearradh is ga chur an diofar chumaidhean gun chroch ga dhèanamh air. Lorgas craobhan mòra, aosmhor ann an seann chillean, le cuid aca air am meas miltean de bhliadhnanachan a dh'aois.



Raon nàdarra: An Roinn Eòrpa, Na Beanntan Àtlas, Àisia Minor chun na Peirce



Tha rùsg tana le lannan air a' chraoibh air a bheil dath liath-dhonn, le claisean domhainn a' tighinn air mus fhalbh an rùsg ann am bleideagan fada.

Mar as trice, tha e na chraoibh chruinn, tiugh sa bheil suas gu 15 m de dh'àirde.

